

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Còmhdach aghaidh / Front cover

[Poileas Alba | Police Scotland]

Plana Gàidhlig | Gaelic Language Plan

[2021-2026]



Chaidh am plana seo ullachadh fo earrann 3 de dh'Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 agus chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig air [\[ceann-latha aonta\]](#)

The Bòrd na Gàidhlig logo should be added to the front cover of the approved plan only and not to any drafts.

Bu chòir suaicheantas Bhòrd na Gàidhlig a chur ri còmhdach aghaidh a' phlana aontaichte a-mhàin agus chan ann ri dreach sam bith.

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Ro-ràdh

Tha a' Ghàidhlig na pàirt chudromach de choimhearsnachdan air feadh na h-Alba is tha i air aon de na cànanan oifigeil ann an Alba.

Tha aonta, taic agus co-obrachadh le ar co-shaoranaich aig cridhe dearbh-aithne agus dligheachd obair-phoilis ann an Alba. Tha e riatanach gu moralta agus mar riatanas obrachaidh gu bheil obair-phoilis a' riochdachadh agus a' nochdadh nan coimhearsnachdan a tha sinn a' frithealadh.

Mar as àbhaist, is e sàbhailteachd agus sunnd muinntir na h-Alba mo phrìomhachas.

Tha pàirt aig obair-phoilis ann a bhith a' cumail taic ris a' Ghàidhlig, rud as urrainn cur ri sunnd sòisealta, cultarach agus eaconamach.

Tha am plana seo, airson 2021-2026, a' mìneachadh mar a chuireas sinn ri miannan agus amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

Cumaidh Poileas Alba air ag obrachadh le Bòrd na Gàidhlig gus cur ri faicsinneachd, inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig agus gus dèanamh cinnteach gun coilean sinn na dleastanasan reachdail againn for Achd na Gàidhlig (Alba) 2005.

Iain Livingstone QPM

Àrd-chonstabal

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Clàr-innse

Ro-ràdh

- Tuairisgeul air obair Poileas Alba
- A' Ghàidhlig taobh a-staigh Poileas Alba
- Gàidhlig ann an Alba
 - Achd na Gàidhlig
- Plana Nàiseanta na Gàidhlig
 - In-sgrùdadh air comas cànan
 - Co-chomhairleachadh air a' Phlana Gàidhlig

Prìomh phrionnsabalan

- Spèis cho-ionann
- Tairgse Ghnìomhach
- Àbhaisteachadh

Gealltanasan a' Phlana

- Gealltanasan àrd-ìre
 - Amas farsaing
 - A' cleachdadh na Gàidhlig
 - A' cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig
- Amasan seirbheisean corporra
 - Inbhe
 - Conaltradh leis a' phoball
 - Fiosrachadh
 - Luchd-obrach
 - Corpas na Gàidhlig

Ceanglaichean ris an fhrèam-obrach coileanaidh nàiseanta

Frèam-obrach coileanaidh Poileas Alba

Foillseachadh

- Foillseachadh agus sanasachd a' phlana
 - Air an taobh a-staigh
 - Ceanglaichean a-muigh

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

A' goireasachadh a' Phlana

A' sgrùdadh a' Phlana

Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach

- Uallach air a' cheann thall:
- Gnothaichean làitheil
- Buidheann Buileachaidh is Sgrùdaidh a' Phlana Ghàidhlig

Eàrr-ràdh 1 – In-sgrùdadh air Comas Cànan

Eàrr-ràdh 2 - Co-chomhairle Phoblach

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

1. RO-RÀDH

TUAIRISGEUL AIR OBAIR POILEAS ALBA.

Chaidh Poileas Alba a stèidheachadh air 1 Giblean 2013 fo Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012. Tha Poileas Alba an urra ri obair-phoilis air feadh na h-Alba, aon 28,168 mìle cheàrnagach. Is e Poileas Alba an dàrna feachd poilis as motha san RA às dèidh Metropolitan Police.

Tha an t-Seirbheis air a stiùireadh le Àrd-chonstabal agus tha i air a dèanamh suas de dh'oifigearan poilis, luchd-obrach poilis agus constabalan sònraichte a tha uile ag obair còmhla gus seirbheis poilis cho math 's a ghabhas a lìbhrigeadh do mhuinntir na h-Alba. Tha an t-Àrd-chonstabal air a chuideachadh le sgioba-stiùiridh de thrì Leas-àrd chonstabalan, Leas Àrd-oifigear, Àrd-chonstaban Taice agus Stiùirichean.

Is e adhbhar Poileas Alba a bhith a' cur sàbhailteachd agus soirbheas dhaoine, àiteachan agus coimhearsnachdan na h-Alba am feabhas. Tha ar fòcas air a bhith a' Cumail Daoine Sàbhailte agus tha seo aig cridhe gach rud a nì sinn.

Tha 13 roinnean poilis ionadail ann, agus iad uile air an stiùireadh le Comann-dair Poilis Ionadail a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil obair a' phoilis anns gach sgìre freagairteach, cunntachail agus a rèir feumalachdan ionadail. Anns gach roinn tha oifigearan freagairt, oifigearan coimhearsnachd, sgrùdadh eucoir ionadail, poilis rathad, dìon a' phobail agus fàisneis ionadail.

A bharrachd air na roinnean poilis ionadail, tha beagan roinnean speisealach nàiseanta ann. Tha Roinn Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd (*Partnerships, Prevention and Community Wellbeing - PPCW*) a' gabhail a-steach fo-roinn Coimhearsnachdan nas Sàbhailte agus Aonad na h-Iomadachd.

Tha Roinn na Taic Obrachaidh a' toirt seachad taic shònraichte mar eisimpleir Obair-phoilis Rathaid, Taic san Adhair, Meur nan Con, Obair-phoileis Mara agus am Meur Marcach.

Tha Roinn nan Seirbheisean Ceartas Eucoireach an urra ris na dreuchdan Nàiseanta Glacas (*custody*), agus Ceartas Eucoireach.

Tha Roinn C3 a' gabhail a-steach nan Ionadan Seirbheis Nàiseanta, Seòmraichean Smachd Sgìreil agus Sgiobaidhean Fuasglaidh.

Tha cothrom co-ionnan aig na coimhearsnachdan air feadh na h-Alba air goireasan is stòrasan gach roinn speisealaich.

OFFICIAL / OIFIGEIL DREACHD

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Tha cunntas air prìomhachasan Poileas Alba anns a' Phlana Poilis Bhliadhnail againn gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' toirt seachad seirbheis le fòcas air a bhith a' Cumail Daoine Sàbhailte.

Tha na prìomhachasan anns a' Phlana Poilis Bhliadhnail againn a rèir nam prìomhachasan ro-innleachdail dhan phoileas a tha air an suidheachadh le Riaghaltas na h-Alba agus nan amasan ro-innleachdail air an suidheachadh le Ùghdarras Poilis na h-Alba anns a' phlana trì bliadhna aca. Tha iad a' cuideachd a' toirt feart air na planaichean airson obair-phoileis ionadail a tha air an suidheachadh aig ìre nan sgìre ùghdarrasan ionadail agus aig ìre nan uàrd comhairle ioma-bhall. (Tha seo ri fhaighinn air-loidhne aig www.Scotland.police.uk)

Chaidh Ùghdarras Poilis na h-Alba a stèidheachadh fo Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012 gus seirbheisean poilis a chumail suas, gus prionnsabalan obair-phoilis a chur air adhart, gus na seirbheisean poilis a leasachadh gu leantainneach, agus gus an t-Àrd-chonstabal a chumail cunntachail. Tha Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba air obrachadh còmhla gus planaichean Gàidhlig a chruthachadh a tha air leth ach a tha a' dol còmhla.

A' GHÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH POILEAS ALBA

Tha a' Ghàidhlig air a bhith faicsinneach taobh a-staigh Poileas Alba agus nan seann fheachdan poilis fad iomadh bliadhna. Bidh colaiste Poileas Alba ann an Tulach Alann a' toirt seachad trèanadh airson deuchainnichean poilis cho math ri bhith a' libhrigeadh taobhan eile de thrèanadh poilis. Air suaicheantas na colaiste, tha an sluagh-ghairm "BI GLIC - BI GLIC", an fhuaim a nì an Gille-Brìde.

A chionn 's gu bheil àireamh nach beag de luchd-obrach aig Ùghdarras Poilis na h-Alba agus aig Poileas Alba, tha Poileas Alba air rùnachadh sgrùdadh a dhèanamh air comasan Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne tràth ann am beatha a' phlana seo. Còmhla ri Ùghdarras Poilis na h-Alba, nì sinn measadh air ìre nan sgìlean Gàidhlig taobh a-staigh Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba. Is e an t-amas againn faighinn a-mach:

1. Pròifil cànanach Poileas Alba, a' gabhail a-steach:

- Àireamh an luchd-obrach taobh a-staigh Ùghdarras Poilis na h-Alba is Poileas Alba aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no a thuigsinn agus an ìre aig a bheil na sgìlean cànan sin.
- Àireamh an luchd-obrach a tha a' dèanamh trèanadh air sgìlean Gàidhlig agus an àireamh aig am biodh ùidh ann an trèanadh mar seo.
- Na roinnean agus/no àiteachan anns a bheil an luchd-obrach seo ag obair.
- Àireamh nan dreuchdan far am biodh Gàidhlig na buannachd.
- Seirbheis sam bith no pròiseas sam bith air an taobh a-staigh a tha air a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.

2. Liosta a dhèanamh de na stuthan Gàidhlig is dà-chànanach a th' ann mar-thà, a' gabhail a-steach foillseachaidhean, pàipearachd, foirmean agus susbaint air-loidhne.

OFFICIAL / OIFIGEIL DREACHD

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

3. Sgrùdadh air soidhnichean Gàidhlig is soidhnichean dà-chànanach a tha ann mar-thà air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh.

4. Measadh a dhèanamh air comasan eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh Poileas Alba.

Le toraidhean an t-suirbhidh, faodaidh sinn beachdachadh air mar a chleachdas sinn, agus mar a chuireas sin ris, na sgilean a th' aig an luchd-obrach againn aig an àm seo.

Nì sinn cinnteach cuideachd gun tèid an dàta seo a chur air an t-siostam nàiseanta HR SCOPE againn agus nì sinn ath-sgrùdadh air gach 5 bliadhna.

Tha an sgrùdadh seo ann an earrann nam prìomh ghealltanasan anns a' phlana seo.

GÀIDHLIG ANN AN ALBA

'S e Alba air fad an sgìre ùghdarras aig Poileas Alba agus mar sin, tha seo a' gabhail a-steach luchd na Gàidhlig uile agus coimhearsnachdan na Gàidhlig uile ann an Alba.

Chlàraich cunntas-sluaigh 2011 gun robh comas anns a' Ghàidhlig aig 87,056 daoine no 1.7% de shluagh na h-Alba (tuigsinn, labhairt, leughadh no sgrìobhadh) agus gun robh 57,602 comasach air Gàidhlig a bhruidhinn. Ged a chaidh an àireamh sin sìos bhon chunntas-sluaigh mu dheireadh, chaidh an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig sìos 11% eadar 1991 agus 2001 ach cha do lùghdaich na h-àireamhan ach 1.2% eadar 2001 agus 2011.

Tha luchd na Gàidhlig sgapte air feadh na h-Alba. A rèir cunntas-sluaigh 2011, b' iad na sgìrean comhairle leis an àireamh sa cheud as motha le Gàidhlig na h-Eileanan Siar (52%), Comhairle na Gàidhealtachd (5%) agus Earra-Ghàidheil is Bòd (4%). Tha àireamhan nach beag de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an sgìrean bailteil cuideachd mar eisimpleir, Dùn Èideann, Glaschu, Inbhir Nis agus Obar Dheathain.

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo Plana Gàidhlig Poileas Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur an cèill mar a chleachdas sinn Gàidhlig san

OFFICIAL / OIFIGEIL DREACHD

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

obair againn agus mar a nì sinn cleachdadh na Gàidhlig comasach nuair a bhios sinn a' conaltradh ris a' phoball is ris na prìomh chom-pàirtichean againn, agus mar a bhrosnaicheas agus a leasaicheas sinn a' Ghàidhlig.

Chaidh Plana Gàidhlig Poileas Alba a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air *Plana Nàiseanta na Gàidhlig* is air an *Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig*.

PHLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha taic Poileas Alba ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair fon dà cheann seo:-

- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn
- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Gàidhlig far an gabh seo a dhèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann

IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Tha Oifigearan aig Poileas Alba aig a bheil sgilean Gàidhlig. Tha seo air a chlàradh san t-siostam co-òrdanachaidh luchd-obrach agus ionadan againn, agus air 1 Màrt 2021, tha an siostam ag innse dhuinn gun robh 47 daoine ann le sgilean Gàidhlig. Bidh an luchd-obrach luachmhor seo ag obair ann an grunn raointean gnìomhachais taobh a-staigh na buidhne againn agus tha iad stèidhichte air feadh na h-Alba. Tha farsaingeachd nan sgilean aca eadar-dhealaichte agus tha e a' gabhail a-steach bruidhinn, leughadh, sgrìobhadh agus eadar-mhìneachadh.

Mar thoradh air nàdar obair-phoilis, bidh àiteachan-obrach agus dleastanasan oifigearan agus luchd-obrach ag atharrachadh gu tric. Dh'fhaodadh an dreuchd aig neach-obrach sam bith taobh a-staigh na buidhne cothrom a thoirt dhaibh cuideachadh le bhith a' libhrigeadh a' phlana Gàidhlig againn. Mar an ceudna, bidh suidheachaidhean ann far am bi an comas aca agus cuideachadh cuibhrichte air sgàth dhùbhlain co-cheangailte ris na dleastanasan làitheil aca. Tha seo, cho math ri bhith a' fastadh luchd-obrach agus oifigearan ùra a' soilleireachadh cho cudromach 's a tha e a bhith a' dèanamh agus a' cumail suas sgrùdadh a-staigh air comasan Gàidhlig. Tha Poileas Alba air aontachadh sgrùdadh den t-seòrsa seo a dhèanamh gach bliadhna tron dòigh-obrach conaltraidh a-staigh againn.

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG

OFFICIAL / OIFIGEIL DREACHD

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

SPÈIS CHO-IONANN

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nì Poileas Alba cinnteach, far a bheil Gàidhlig mar phàirt den obair is de na seirbheisean againn, gu bheil iad aig an aon ìre agus càileachd ris an fheadhainn a bheir sinn seachad sa Bheurla.

TAIRGSE GHNÌOMHACH

Bidh Poileas Alba a' conaltradh leis a' phoball, agus leis an luchd-obrach le tairgse ghnìomhach. Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh na seirbheis agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh, far a bheil sin prataigeach, mas e sin a roghnaicheas iad.

Nì sinn cinnteach gu bheil na seirbheisean Gàidhlig againn a cheart cho ruigsinneach ris na seirbheisean Beurla againn.

ÀBHAISTEACHADH

Nì Poileas Alba a dhìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil cothroman aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean.

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teimplaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

3. GEALLTANASAN A' PHLANA

AMASAN ÀRD-ÌRE

AMAS FARSAING

Amas àrd-ìre	Cuiridh Poileas Alba plana leasachaidh is buileachaidh air dòigh airson a' phlana Ghàidhlig le riochdachadh bho air feadh na buidhne.
Buil a thathar ag iarraidh	<p>Tha cumhachd aig a' bhuidhinn taobhan den phlana Ghàidhlig a thoirt air adhart aig an ìre nàiseanta le cothrom air prìomh bhun-structar gnìomhachais, a' gabhail a-steach conaltradh corporra, oighreachdan agus solarachadh.</p> <p>Gus taic a chumail ri bhith a' cur an gnìomh taobhan den phlana Ghàidhlig tro neach-conaltraidh singilte ann am poileas ionadail anns gach roinn poilis ionadail ann an Alba.</p>
Cleachdadh làithreach	Gus bho chionn ghoirid, bha uallach air poileas ionadail air a' Ghàidhealtachd is sna h-Eileanan airson adhartas air a' phlana le beagan co-chomhairle nàiseanta.
Gnìomhan a dhith	<ul style="list-style-type: none">• A' cruthachadh buidheann-stiùiridh• Thèid puingean conaltraidh singilte a stèidheachadh air feadh obair-phoilis ionadail agus ann am prìomh roinnean conaltraidh.• Thèid structar agus rùnaireachd nan coinneamhan a stèidheachadh
Ceann-latha targaid	Taobh a-staigh a' chiad 3 mìosan
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

A' CLEACHDADADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-ìre	Nì Poileas Alba barrachd teachdaireachdan coimhearsnachd (<i>community messaging</i>) agus barrachd obair-cheangail ri coimhearsnachdan tron Ghàidhlig.
Buil a tha air a mholadh	Far a bheil e iomchaidh, nì Poileas Alba conaltradh sa Ghàidhlig an dà chuid aig an ìre ionadail is nàiseanta. Tha an cothrom air eadar-obrachadh tron Ghàidhlig air a leasachadh anns gach sgìre poilis.
Cleachdadh làithreach	Tha a' mhòr-chuid de theachdaireachdan is ceanglaichean coimhearsnachd gan dèanamh taobh a-staigh roinn na Gàidhealtachd is nan Eilean le beagan air a dhèanamh aig an ìre nàiseanta

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Sgrùdadh comais cànan taobh a-staigh na buidhne gus tuigsinn far a bheil na comasan cànan Taic le eadar-theangachadh agus eadar-mhìneachadh gus cuideachadh leis na thèid a chur a-mach a thaobh meadhanan <p>Gealltanais bho roinnean poilis ionadail gus cothroman iomchaidh a leantainn san sgìre ionadail aca. Dh'fhaodadh seo a bhith a' gabhail a-steach, mar eisimpleir, tursan do sgoiltean no ionadan foghlaim.</p>
Ceann-latha targaid	Taobh a-staigh a' chiad 3 mìosan
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomachd - Àrd-Inspector

A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

Amas àrd-ìre	Feuchaidh Poileas Alba ri cothroman a lorg gus cur ri faicsinneachd na Gàidhlig gu nàiseanta tro sholarachadh agus brannadh.
Buil a tha air a mholadh	Bidh brannadh dà-chànanach na phròiseas leabaichte nuair a bhios e practaigeach is cosg-èifeachdach sin a dhèanamh. Bidh faicsinneachd na Gàidhlig a' dol am meud mar thoradh air seo.
Cleachdadh làithreach	<p>Cleachd suaicheantais dà-chànanach Poileas Alba air gach rud air a bheil brannadh, a' gabhail a-steach cinn-litreach, cairtean gnothaich, agus bileagan buidheachais.</p> <p>Tha brannadh dùbailte airson taobhan de dh'oighreachdan agus de charbadan air stèidh ùr/ùrachaidh na phròiseas leabaichte mar-thà.</p>
Gnìomhan a dhìth	Tha am pròiseas leabachaidh a leantainn, agus beachdaichear air cothroman gus an sgeama a leudachadh
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomachd - Àrd-Inspector

Amas àrd-ìre	Cleachdaidh Poileas Alba a' Ghàidhlig ann am farsaingeachd de dh'iomairtean.
Buil a tha air a mholadh	Cruthachaidh Poileas Alba nithean Gàidhlig airson iomairtean aig an ìre ionadail agus/no nàiseanta
Cleachdadh làithreach	Chan eil gin
Gnìomhan a dhìth	<ul style="list-style-type: none"> Conaltradh Corporra gus coimhead air dòighean gus Gàidhlig a chleachdadh mar phàirt de chuid de dh'iomairtean agus gus seo a thoirt air adhart Thèid taic eadar-theangachaidh a thoirt seachad

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Ceann-latha targaid	Rè a' chiad bhliadhna den phlana agus gach bliadhna às dèidh sin
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

AMASAN SEIRBHEISEAN CORPORA

INBHE

Buil a thathar ag iarraidh	Suaicheantas agus brannd Amas an suaicheantas corporra a thoirt seachad an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Cumaidh sinn oirnn le bhith a' cleachdadh suaicheantas dà-chànanach Poileas Alba mar standard air feadh Poileas Alba, a' nochdadh spèis co-ionnan dhan Ghàidhlig is dhan Bheurla. Thèid seo a thoirt a-staigh air stèidh ùr is ùrachaidh. Sgrìobhadh dà-chànanach gu bhith air èididhean Poileas Alba a' cleachdadh brannd aonaichte Poileas Alba nuair a tha feadhainn ùra a dhìth.
Gnìomhan a dhìth	Tha am pròiseas air a leabachadh mar-thà agus thèid seo ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil e ga chur an gnìomh gu h-èifeachdach.
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Soidhnichean Gus co-ionannachd chothroman a nochdadh, bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.
Cleachdadh làithreach	Tha dà-chànanas air carbadan standard Poileas Alba nuair a bhios feadhainn ùra a dhìth. Soidhnichean anns a h-uile stèisean poilis Soidhnichean Welcome/Fàilte gu bhith air an cur ann an stèiseanan comharraichte nuair a thèid an ùrachadh.
Gnìomhan a dhìth	Tha am pròiseas air a leabachadh agus thèid seo ath-sgrùdadh gu cunbhalach gus dèanamh cinnteach gu bheil e ga chur an gnìomh gu h-èifeachdach.
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector
-------------------	--

CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Buil a thathar ag iarraidh	Brosnachadh Teachdaireachd bhrosnachail gu bheilear daonnan a' cur fàilte air conaltradh bhon phoball anns a' Ghàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' cur cuideam air cothroman gus conaltradh a dhèanamh sa Ghàidhlig air làrach-lìn Poileas Alba.
Gnìomhan a dhìth	Nuair a tha sinn a' foillseachadh nithean sa Ghàidhlig, nì sinn cinnteach gu bheil teachdaireachd ann gus am bi daoine a' tuigsinn gu bheilear a' cur fàilte air conaltradh sa Ghàidhlig.
Ceann-latha targaid	Rè a' chiad bhliadhna den phlana le ath-sgrùdadh gach bliadhna
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Conaltradh sgrìobhte Bithear daonnan a' gabhail ri conaltradh sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.
Cleachdadh làithreach	Chaidh comhairle is brosnachadh a thoirt do luchd-obrach mu bhith a' cleachdadh eàrr-sgrìobhadh puist-d dà-chànanach. Nuair a bhios e prataigeach, gheibh post agus post-d a gheibhear anns a' Ghàidhlig freagairt anns a' Ghàidhlig, a' cleachdadh luchd-obrach a thèid a chomharrachadh tron Sgrùdadh Comais Gàidhlig no tro sheirbheisean eadar-theangachaidh. Mar as trice, cha bhi Poileas Alba a' freagairt susbaint sna meadhanan sòisealta.
Gnìomhan a dhìth	Lèirmheas air an dòigh-obrach a thaobh a bhith a' dèiligeadh ri litrichean Gàidhlig air feadh na buidhne, a' gabhail a-steach toraidhean an sgrùdaidh comais taobh a-staigh na buidhne gus tuigse fhaighinn air mar as fheàrr a chleachdar stòrasan
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 2
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

FIOSRACHADH

Buil a thathar ag iarraidh	Fiosan Naidheachd Nuair a tha e iomchaidh agus practaigeach sin a dhèanamh, bithear a' cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uile fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.
Cleachdadh làithreach	Fiosan naidheachd air an cuairteachadh sa Ghàidhlig gu ìre bheag
Gnìomhan a dhìth	Thèid ro-innleachd iomchaidh a chruthachadh a thaobh a bhith a' sgoileadh susbaint dhà-chànanach le Poileas Alba.
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 1
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Meadhanan sòisealta Brosnaich susbaint sa Ghàidhlig air na meadhanan sòisealta
Cleachdadh làithreach	Susbaint air a cuairteachadh sa Ghàidhlig gu ìre bheag
Gnìomhan a dhìth	Thèid ro-innleachd iomchaidh a chruthachadh a thaobh a bhith a' sgoileadh susbaint dhà-chànanach le Poileas Alba.
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 1
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Làrach-lìn Bidh susbaint air làrach-lìn an ùghdarras far a bheil an t-susbaint mun Ghàidhlig agus far an deach stuthan Gàidhlig a chruthachadh, i.e cuot/fios naidheachd no stuthan airson iomairt.
Cleachdadh làithreach	Fios mun Phlana Gàidhlig agus stiùireadh do dh'fhiosrachadh sa Ghàidhlig air làrach-lìn Poileas Alba.
Gnìomhan a dhìth	Thèid ro-innleachd iomchaidh a chruthachadh a thaobh a bhith a' sgoileadh susbaint dhà-chànanach le Poileas Alba.
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 2
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Foillseachaidhean Corporra Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a tha cudromach gu nàiseanta no a tha gu sònraichte mu àiteachan le coimhearsnachd Ghàidhlig mhòr.
----------------------------	--

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Cleachdadh làithreach	Tha foillseachaidhean corporra iomchaidh air am foillseachadh gu dà-chànanach Bidh gearr-chunntasan dà-chànanach anns a h-uile foillseachadh le àrd-inbhe, àrd-ìre de ruigsinneachd agus cleachdadh a tha co-cheangailte ris a' choimhearsnachd Ghàidhlig.
Gnìomhan a dhìth	Thèid ro-innleachd a chruthachadh a thaobh a bhith a' sgaoileadh susbaint dhà-chànanach le Poileas Alba.
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 1
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Taisbeanaidhean Bu chòir cothroman gus taisbeanaidhean poblach a lìbhrigeadh gu dà-chànanach no ann an Gàidhlig a bhith air an sireadh gu cunbhalach, le prìomhachas ga thoirt dhan fheadhainn a tha buntainneach dhan luchd-amais, leithid daoine òga ann an sgoiltean tro mheadhan na Gàidhlig agus Colaistean Oilthigh na Gàidhealtachd is nan Eilean, no aig tachartasan cultarail buntainneach leithid Fèis Cheilteach Innse Gall, Blas agus am Mòd Nàiseanta.
Cleachdadh làithreach	Bithear a' frithealadh thaisbeanaidhean air stèidh ad hoc, co-cheangailte ri feumalachdan ionadail
Gnìomhan a dhìth	Aig a' chàr as lugha, bidh an suaicheantas dà-chànanach air stuthan taisbeanaidh/brosnachaidh Poileas Alba nuair a thèid ùrachadh. Thèid clàr a chumail de gach tachartas far an robh sinn an làthair Bithear a' coimhead air cothroman maoineachaidh
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 3
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

LUCHD-OBRAICH

Buil a thathar ag iarraidh	In-sgrùdadh Dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanaidh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne rè beatha gach plana.
Cleachdadh làithreach	Chaidh sgrùdadh comais a dhèanamh taobh a-staigh na buidhne
Gnìomhan a dhìth	Sgrùdadh air Comasan Gàidhlig aig luchd-obrach agus oifigearan gu bhith air a dhèanamh còmhla ri Ùghdarras Poilis na h-Alba gus tuigse cheart fhaighinn air sgilean Gàidhlig agus

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

	air an ìre de dh'ùidh ann an trèanadh Gàidhlig. Thèid am pròiseas a dhèanamh gach bliadhna.
Ceann-latha targaid	Taobh a-staigh a' chiad 3 mìosan
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadhachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Inntrigeadh Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarrais mar phàirt den inntrigeadh aig luchd-obrach ùra uile
Cleachdadh làithreach	Thèid am Plana Gàidhlig fhoillseachadh air eadra-lìon Poileas Alba
Gnìomhan a dhìth	Cruthaich modal fiosrachail as urrainn luchd-obrach agus oifigearan Poileas Alba a chleachdadh tron àrd-ùrlar ionnsachaidh air-loidhne aig Poileas Alba .
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 4
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadhachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh tron ùghdarras phoblach air fad.
Cleachdadh làithreach	A' Ghàidhlig air a h-aithneachadh air stèidh ad hoc
Gnìomhan a dhìth	Obair trusadh ann an sgìrean agus coimhearsnachdan Gàidhlig gus daoine a bhrosnachadh gus iarrtasan a chur a-steach airson a bhith nan Oifigearan, Constabalan Sònraichte, Luchd-obrach a' Phoilis no Saor-thoilich Òga Poileas Alba.
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 3
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadhachd - Àrd-Inspector

Buil a thathar ag iarraidh	Fastadh A' Ghàidhlig air a h-ainmeachadh mar sgil buannachdail ann an dealbhan-obrach gus am plana Gàidhlig a lìbhrigeadh agus a rèir stiùireadh fastaidh Bhòrd na Gàidhlig.
Cleachdadh làithreach	Chan eilear a' dèanamh seo aig an àm seo.
Gnìomhan a dhìth	Tha am poileasaidh fastaidh ag aithneachadh gu bheil cànanan agus a' Ghàidhlig gu sònraichte, nan sgilean obrach feumail.
Ceann-latha targaid	Rè bliadhna 3
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadhachd - Àrd-Inspector

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

CORPAS NA GÀIDHLIG

Buil a thathar ag iarraidh	Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.
Cleachdadh làithreach	Leanaidh Poileas Alba Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC)
Gnìomhan a dhìth	Cumaidh Poileas Alba air a' leantainn Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig (GOC) Bidh ìrean an eadar-theangachaidh àrd le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil na seirbheisean eadar-theangachaidh a chleachdas sinn a rèir slatan-tomhais a' ghnìomhachais.
Ceann-latha targaid	Leantainneach thar beatha a' phlana.
Dleastanas	Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd - Aonad Co-ionannachd agus Iomadachd - Àrd-Inspector

5. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Bidh plana Gàidhlig Poileas Alba a' cur ris na builean a leanas anns an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta:

• **tha daoine a' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis gus an coilean iad an làn chomasan**

Tha am plana ag amas air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus gus spèis cho-ionann a thoirt dhi. Airson luchd-labhairt na Gàidhlig, tha seo a' sealltainn taic dhan chultar, dualchas is coimhearsnachd aca.

• **tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdach, foghainteach agus sàbhailte**

Tha am plana a' cur air adhart prògram àrd-amasach airson teachdaireachdan do choimhearsnachd gus coimhearsnachdan Gàidhlig a ruighinn air feadh na h-Alba cho math ri ullachadh airson barrachd conaltraidh aig ìre ionadail. Cuiridh seo ri iomadachd agus ri cumhachdachadh nan coimhearsnachdan Gàidhlig.

6. FRÈAM-OBACH POILEAS ALBA

Tha am Plana Gàidhlig a' cuimseachadh air seirbheis nas fheàrr a thoirt dhan choimhearsnachd Ghàidhlig ann an Alba. Tha e cuideachd a' toirt cothrom do dh'oifigearan agus luchd-obrach aig Poileas Alba a bhith a' gabhail pàirt ann. Tha seo a rèir lìbhrigeadh nam builean ro-innleachdail aig Poileas Alba:

- Bithear a' coileanadh feumalachdan nan coimhearsnachdan ionadail tro bhith a' libhrigeadh sheirbheisean gu h-èifeachdach
- Tha am poball agus na coimhearsnachdan an co-chomhairle ri is a' gabhail pàirt ann an obair-phoilis is tha earbsa aca ann.
- Gheibh na daoine againn taic tro àrainneachd obrach adhartach a leigeas leotha seirbheis a thoirt dhan phoball.
- Tha Poileas Alba seasmhach, sùbailte agus deiseil airson dùbhlain san àm ri teachd.

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

7. FOILLSEACHADH A' PHLANA

FOILLSEACHACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA

AIR AN TAOBH A-STAIGH

Thèid Plana Ghàidhlig Poileas Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn agus bi cothrom aig an luchd-obrach uile againn air tron eadra-lìon aig Poileas Alba. Bidh fiosrachadh a bharrachd ri fhaighinn air meanbh-làrach-lìn taobh a-staigh roinn PPCW.

Thèid conaltradh mun phlana a chur dhan luchd-obrach uile gu nàiseanta tro mheòrachan oifigeil.

Comharraichidh gach roinn poilis ionadail luchd-conaltraidh singilte aig am bi uallach gus am plana a thoirt air adhart aig ìre ionadail.

CEANGLAICHEAN A-MUIGH

Thèid Plana Gàidhlig Poileas Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:-

- cuiridh sinn a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- sgaoilidh sinn lethbhreacan do bhuidhnean leth-eisimeileach agus do bhuidhnean treas-phàrtaidh eile, a' mineachadh an dleistanais aca ann an lìbhrigeadh a' phlana
- sgaoilidh sin lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

OFFICIAL / OIFIGEIL DREACHD

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

8. GOIREASACHADH A' PHLANA:

Cuiridh Poileas Alba libhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig ann am portfolio PPCW, a ghabhas uallach airson libhrigeadh seirbheis agus co-òrdanachadh. Bidh mòran ghnìomhan ann airson an sgioba conaltraidh chorporra cuideachd. Cuidichidh a h-uile roinn poilis ionadail le seo le bhith a' comharrachadh SPOCS.

Gu ìre mhòr, thèid na cosgaisean co-cheangailte ri libhrigeadh a' phlana àbhaisteachadh taobh a-staigh buidseatan a th' ann mar-thà agus/no mar phàirt de phròiseasan ùrachaidh leantainneach.

9 A' SGRÙDADH A' PHLANA

Tha Poileas Alba air gealltainn aithisg adhartais bhliadhnail a dhèanamh a thaobh buileachadh a' phlana Ghàidhlig agus seo a chur gu Bòrd na Gàidhlig agus seo a bhith ri fhaighinn dhan mhòr-shluagh tro làrach-lìn Poileas Alba.

10. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGHDARRAS PHOBLACH

UALLACH DHAN PHLANA AIR A' CHEANN THALL

Tha uallach air an Àrd-chonstabal Taice airson Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Poileas Alba. Is urrainnear fios a chur orra mar a leanas: -

Àrd-Chonstabal Taic, Gary Ritchie

Com-Pàirteachasan, Ro-Chasg agus Sunnd Coimhearsnachd

Seirbheis Poilis na h-Alba

UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Tha uallach làitheil air an Àrd-superintendent, Com-pàirteachasan, Ro-chasg agus Sunnd Coimhearsnachd airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Poileas Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Àrd-Superintendent Linda Jones

**OFFICIAL / OIFIGEIL
DREACHD**

Teamlaid airson Plana Gàidhlig / Gaelic Plan Template

Àrd-Chonnstabal Taice

Com-Pàirteachasan, Ro-Chasg Agus Sunnd Coimhearsnachd

Seirbheis Poilis na h-Alba

BUIDHEANN BUILEACHAIDH IS SGRÙDAIDH A' PHLANA GHÀIDHLIG

Stèidhichidh Poileas Alba buidheann buileachaidh is Sgrùdaidh airson a' Phlana Ghàidhlig. Bidh a' bhuidheann seo air a riaghladh le oifigearan bho roinn PPCW agus bidh riochdairean ann bho gach roinn poilis ionadail agus bho phrìomh roinnean speisealta a' gabhail a-steach oighreachdan, solarachadh agus conaltradh corporra.

Coinneachaidh a' bhuidheann gach ràithe gus sùil a chumail air buileachadh agus sgrùdadh nan diofar taobhan anns a' phlana agus gus conaltradh a dhèanamh le luchd-obrach a thaobh nan dleastanasan aca.

EÀRR-RÀDH 1 – IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

EÀRR-RÀDH 2 – CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH